



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba – dè an t-eadar-dhealachadh eatorra?

Tha a' bhileag seo a' soilleireachadh
nan dreuchdan a th' aig Pàrlamaid na
h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba.



'S e buidhnean fa leth a th' ann am Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba. Tha diofar raointean ùghdarrais aca, agus tha iad aig seòlaidhean eadar-dhealaichte.

Chaidh an dà chuid Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba a stèidheachadh ann an 1999. Tha na cumhachdan agus na dleastanasan aca air an cur an cèill ann an reachdas a chaidh tro Phàrlamaid na RA. Tha seo a' ciallachadh nach fhaod iad dèiligeadh ach ri cùisean sònraichte, ris an canar cùisean tiomnaichte, mar eisimpleir:

- slàinte
- foghlam
- ceartas
- seirbheisean smàlaidh agus nam poileas
- taigheadas.

'S e Pàrlamaid na h-Alba a' bhuidheann a tha a' dèanamh laghan air cùisean tiomnaichte ann an Alba. Tha 129 Buill Pàrlamaid na h-Alba (BPA) anns a' Phàrlamaid. Bidh BPA a' deasbad chùisean a tha cudromach do mhuinntir na h-Alba; bidh iad a' beachdachadh air, agus a' bhòtadh air, laghan; agus bidh iad a' cumail Riaghaltas na h-Alba cunntachail.

Tha riaghaltas na h-Alba an urra ri a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean a thaobh 's mar a tha Alba air a ruith ann an cùisean tiomnaichte. Tha e a' cur ri chèile poileasaidh, agus a' toirt gu buil laghan a dh'aontaich Pàrlamaid na h-Alba.

Tha Pàrlamaid na RA agus Riaghaltas na RA ann an Lunnainn a' dèiligeadh ri cùisean nach eil tiomnaichte, mar shochairan is tèarainteachd shòisealta, in-imrich, agus dìon.

- 'S e **Pàrlamaid na h-Alba** a tha a' cur air chois laghan ann an Alba airson cùisean tiomnaichte.
- Tha Pàrlamaid na h-Alba a' dèanamh mion-sgrùdadh air obair agus air poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba.
- Tha 129 BPA ann am Pàrlamaid na h-Alba.
- Tha ochd BPA a' riochdachadh gach neach ann an Alba: aon BPA sgìreil, agus seachd BPA roinneil.
- Tha BPA air an taghadh le bhith a' cleachdadh siostam de riochdachadh co-roinneil ris an canar Dòigh Bhòtaidh Ball a Bharrachd.
- San àbhaist, tha taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba a' gabhail àite gach ceithir bliadhna.
- Tha BPA a' taghadh Oifigear Riaghlaidh a bhios na c(h)athraiche air coinneamhan na Pàrlamaid, agus a bhios a' riochdachadh na Pàrlamaid air taobh a-muigh na Pàrlamaid fhèin.
- 'S e seirbheisich phoblach, 's chan e seirbheisich chatharra, a tha ag obair ann am Pàrlamaid na h-Alba. Tha iad ag obair airson na Pàrlamaid air fad, agus feumaidh iad a bhith gun lethbhreith a thaobh bheachdan poileataigeach.
- Tha e an urra ri **Riaghaltas na h-Alba** a bhith a' cur ri chèile agus a' toirt gu buil poileasaidhean co-cheangailte ri cùisean tiomnaichte ann an Alba.
- A rèir a' chleachdaidh chumanta, tha Riaghaltas na h-Alba air a chur air bhonn bhon phàrtaidh, no na pàrtaidhean, aig a bheil an àireamh as motha de sheataichean ann am Pàrlamaid na h-Alba.
- 'S e am Prìomh Mhinistear a tha os cionn Riaghaltas na h-Alba.
- Tha Riaghaltas na h-Alba air a dhèanamh à Rùnairean is Ministearan Caibineit, agus 's e am Prìomh Mhinistear a tha gan taghadh.
- Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt a-steach a' mhòr-chuid de na bilean air a bheil Pàrlamaid na h-Alba a' beachdachadh.
- 'S e Riaghaltas na h-Alba – tro Bhile a' Bhuidseit – a tha a' moladh mar a thèid buidseat na h-Alba a roinn, agus tha am Bile seo air a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba gach bliadhna airson aontachadh.
- Tha seirbheisich chatharra ag obair ann am buidhnean-stiùiridh Riaghaltas na h-Alba, agus tha iad seo a' toirt taic do Mhinistearan agus do Rùnairean Caibineit.

Ciamar a tha a h-uile càil ag co-obrachadh?



Tha sluagh na h-Alba a' taghadh 129 BPA.

Tha na BPA a' taghadh aon BPA mar Phrìomh Mhinistear.

Faodaidh am BPA a chaidh a thaghadh na Phrìomh Mhinistear Ministearan is Rùnairean Caibineit a chur an dreuchd, ach feumaidh e aonta na Pàrlamaid fhaighinn.

Tha Ministearan agus Rùnairean Caibineit mar phàirt de dhà bhuidheann fa leth: Riaghaltas na h-Alba (nan dreuchd mhinistreib) agus Pàrlamaid na h-Alba (mar BPA).

A bharrachd air oifis pàrlamaid no oifis sgìreil, mar as trice bidh oifis aig Ministear no Rùnaire Caibineit ann an togalach Riaghaltas na h-Alba airson dèiligeadh ri dleasan ministreib. Tha oifisean pàrlamaideach agus sgìreil gu tur eadar-dhealaichte bho oifisean ministreib, agus dh'fheumte fios a chur gu diofar àiteachan.

i

Tha Riaghaltas na h-Alba cunntachail ri Pàrlamaid na h-Alba; agus tha an dà bhuidhinn cunntachail ri sluagh na h-Alba.

An e am Prìomh Mhinistear a tha os cionn Pàrlamaid na h-Alba?

Chan e. Tha am Prìomh Mhinistear na Cheannard air Riaghaltas na h-Alba, agus tha seo cunntachail ris a' Phàrlamaid.

Am faod mi fios a chur gu Ministear aig a' Phàrlamaid?

Tha oifisean ministreil rim faighinn ann an togalaichean Riaghaltas na h-Alba (faic am fiosrachadh air duilleag 11). Chan fhaod na h-oifisean pàrlamaideach aca dèiligeadh ri cùisean ministreil.

Am faod mi fios a chur chun a' Mhinisteir shònraichte ma tha iomagain orm a thaobh cùis thiomnaichte?

Ged a tha sibh saor fios a chur gu Ministearan agus gu Rùnairean Caibineit, chan fhaod iad cùisean pearsanta a ghabhail os làimh. Tha BPA a' riochdachadh an luchd-taghaidh aca air gach cuspair tiomnaichte, agus tha sibh saor fios a chur gu BPA sam bith de na h-ochdnar a tha gur riochdachadh.

A bheil Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba stèidhichte san aon togalach?

Chan eil. Tha togalach Pàrlamaid na h-Alba (Taigh an Ròid) aig bonn Mile Rìoghail Dhùn Èideann, ri taobh Lùchairt Taigh na Ròid.

Tha togalaichean Riaghaltas na h-Alba rim faighinn air feadh Alba. 'S e Taigh Naoimh Anndra agus Cidhe Bhictòria ann an Dùn Èideann na prìomh thogalaichean aig Riaghaltas na h-Alba.

An e ball de Riaghaltas na h-Alba a th' ann an Rùnaire na Stàite airson Alba?

Chan e. Tha Rùnaire na Stàite a' riochdachadh Alba ann an cuspairean ris a bheil Riaghaltas na RA a' dèiligeadh. 'S e an Oifis Albannach an roinn de Riaghaltas na RA a tha a' toirt taic do Rùnaire na Stàite airson na h-Alba.

Pàrlamaid na h-Alba

Ma tha sibh airson cuspair no cùram a thogail, faodaidh sibh fios a chur gu aon de na BPA agaibh. Tha ochdnar BPA a' riochdachadh a h-uile neach ann an Alba: aon airson na sgìre agus seachdnar airson na roinne nas motha anns a bheil iad a' fuireach.

Tha BPA a' riochdachadh an luchd-taghadh aca anns na cùisean tiomnaichte, agus faodaidh sibh fios a chur gu fear sam bith de na h-ochdnar BPA, oir tha inbhe cho-ionann aca air fad.

Gheibh sibh a-mach cò na BPA a tha gur riochdachadh, agus gheibh sibh fios air mar a chuireas sibh fios thuca air an làrach-lìn againn (www.parlamaid-alba.org). No dh'fhaodadh sibh bruidhinn ri Fiosrachadh Poblach gus cuideachadh fhaighinn (tha am fiosrachadh air fad aig deireadh na bileig seo).

Cuidichidh Fiosrachadh Poblach cuideachd ma tha ceist fhosgailte agaibh mu Phàrlamaid na h-Alba, no ma tha sibh airson faighinn troimhe gu oifis BPA.

Riaghaltas na h-Alba

Ma tha sibh airson barrachd fhaighinn a-mach mu Riaghaltas na h-Alba, na buidhnean-stiùiridh no na poileasaidhean aige, faodaidh sibh tadhal air an làrach-lìn (www.scotland.gov.uk) no fios a chur gu:

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naoimh Anndra
Rathad Regent
Dùn Èideann
EH1 3DG

Fòn: 0131 556 8400

Post-d

Ceistean àbhaisteach:
ceu@scotland.gsi.gov.uk

Gus fios a chur gu Ministear no Rùnaire Caibineit:
scottish.ministers@scotland.gsi.gov.uk

Gus fios a chur gu Oifis a' Phrìomh Mhinistear:
FirstMinister@scotland.gsi.gov.uk

Airson barrachd fiosrachaidh air
Pàrlamaid na h-Alba, a ballrachd, a
gnìomhasan agus a modhan-obrach,
cuiribh fios gu:



Seòladh Fiosrachadh Poblach
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann
EH99 1SP



Fòn 0800 092 7500
0131 348 5000 (Beurla)
Fòn 0131 348 5395 (Gàidhlig)

Gheibhear air fios a chur thugainn air
fòn-teacsa air 0800 092 7100. Tha sinn
cuideachd toilichte fios fhaighinn tro
sheirbheis *TextRelay*.



Teacsa 07786 209888



Post-d gaidhlig@scottish.parliament.uk



Làrach-lìn

www.parlamaid-alba.org



Twitter twitter.com/ScotParl



Blog parlamaidalba.wordpress.com

Chan eil Pàrlamaid na h-Alba an
urra ris na th' ann an làraich-lìn
bhuidhnean eile.